

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 4 CÈITEAN 2016

An làthair:	Cailean Ceanadach	Neach-gairm
	IG MacDhòmhnail	Iar-Neach-gairm
	Daibhidh Caimbeul	Coimiseanair
	Arnie Pirie	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Uilleam Swann	Coimiseanair
	Murchadh	Coimiseanair
	MacIllinnein	
	Caitrlona	Àrd-Oifigear
	NicIlleathain	
	Donna Nic a'	Leas-Àrd-oifigear
	Ghobhainn	
	Eòsaph	Ceannard Riaghlaidh
	MacIlleChiar	
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh
	Daibhidh	Neach-lagha a' Choimisein
	MacFhionnlaigh	
	Sine NicThòmais	Ceannard C&CS / Rùnaire
		Geàrr-chunntais
	Posy NicRath	Manaidsear Conaltraidh
		BBC Alba

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho Mhicheal Nugent, Riaghaltas na h-Alba agus Coimiseanair Caitlin Nic na Ceàrdaich.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Dh'fhoillsich an t-Iar-Neach-gairm com-pàirt ann an cùis Fearann Ionaidh Mhangarstaidh.

Dh'fhoillsich an Coimiseanair MacIllinnein com-pàirt ann an cùis Fearann Ionaidh Mhangarstaidh, cùis Fearann Ionaidh Chol Uraich agus gach pàirt de Nì 14 air a' chlàr-gnothaich.

Mus deach cumail air adhart le gnothach na coinneimh, leugh an Neach-gairm a-mach Aithris Coimisein mu chomataidhean Ionaidh, a' leantainn air ùidh ann an cùisean Chol Uraich agus Mhangarstaidh. Chaidh a' choinneamh a stad an uair sin airson 15 mionaidean gus ceadachadh don aithris a bhith air a sgaoileadh gun phoball leis a' Mhanaidsear Conaltraidh.

Dh'fhàg an Coimiseanair MacIllinnein an seòmar còmhla ri Mgr MacLaomainn, airson agallamh a dhèanamh dha BBC Alba. Thòisich a' choinneamh a-rithist aig 9:50m às aonais Coimiseanair MacIllinnein.

3 AONTA DON DREACHD GEÀRR-CHUNNTAS AIR 9 MÀRT 2016

Chaidh aonta a chur is Geàrr-chuntas nan Coinneamhan air 9 Màrt 2016 agus 11 Màrt 2016 le ùmhlachd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs Atharraichte / A Bharrachd
6	b	10	Seantans ri dubhadh às.
7	b		Iar-Neach-gairm ri chur ris a' chiad seantans sa bogsa Co-dhùnaidh agus am paragraf mu dheireadh sa bhogsa Co-dhùnaidh ri dhubhadh às.
12	3	1	Chiad seantanas ri h-atharrachadh gu, "Dh'aontaich an Coimisean gur dòcha gun deach a' chiad cheithir "feuman" a choileanadh, le ùmhlachd do dhaingneachadh air an fhiosrachadh a fhuair bho na cunntasan sgrùdaichte, a tha fhathast rin daingneachadh. Chaidh tuilleadh deasbaid a chumail air nì 5 mu thimcheall mìneachadh faclair air ..."

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Puingean Gnìomha bho na coinneamhan air 9 agus 11 Màrt 2016:

- Bogsa co-dhùnaidh duilleag 8 (nochd Neach-gairm Ceanadach com-pàirt agus dh'fhàg e an seòmar aig 9:55am). Dhaingnich an Coimiseanair Swann gun robh e air adhbharan a dhreacadh agus gun deigheadh iad gu na Coimiseanairean a-nis, a' fàgail às an Neach-gairm agus Coimiseanair MacIllinnein, a tha air com-pàirt fhoillseachadh.
- Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh fo-fhastadh Fhionnlaigh Peutan gu RPID air a thighinn gu crìch ach gun leanadh e ag obair dhaibh air àireamh bheag de chùisean nach robh air an coileanadh fhathast, airson timcheall air mìos.
- Mhìnich an Ceannard Riaghlaidh gun robhar air an fhoirm ceartachaidh fhaighinn airson cùis Kilvaree agus faodar a chrìochnachadh a-nis.

Thill an Coimiseanair MacIllinnein agus a' Bh-ph NicRath, am Manaidsear Conaltraidh, don t-seòmar aig 10:00m.

5 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

(a) Cò dh'fhaodas a dhol an aghaidh thagraidh di-chroitidh

Bha Coimiseanairean air beachdachadh air a' Phàipear air post-d agus air aontachadh ris gun atharrachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gabhail ri Roghainn C – chan fhaod ach tagraidhean bho phàrtaidhean le còir ath-thagraidh an aghaidh a' Choimisein a bhith a' toirt stiùireadh di-chroitidh, a bhith air am meas mar ghearanan an aghaidh molaidhean di-chroitidh.
-------------------	--------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

(b) Rannsachadh air briseadh riaghailtean ionaltraidh 47(8)

Chuir Coimiseanairean aonta ris a' Mholadh sa Phàipear, a bha a' solarachadh Sruth-obrach a' sealltainn mar a dheigheadh dèiligeadh le leòn / gnìomh fo Earrann 47(8).

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gabhail ri dòigh dèiligidh le aithrisean mu dheidhinn chlàrcan ionaltraidh no buill de chomataidhean ionaltraidh a' fàilligeadh ri an dleastanasan a choileanadh, mar a tha air a mhìneachadh ann am Pàipear 5(b).
-------------------	----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

(b)(i) Meudachadh Earrann 47(8)

Dh'aontaich Coimiseanairean ris a' Phàipear le ùmhlachd do dh'ionadachadh nam facal "ùine stèidhichte" le "ùine iomchaidh" gus barrachd sùbailteachd a cheadachadh.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean fo Earrann 47(8), ma lorgar comataidh nach eil a' coileanadh an dleastanasan, gheibh iad ùine iomchaidh gus cùisean a chur ceart, an ùine sin ri dhaingneachadh air bunait gach cùise. Mura tachair seo, thèid an cur a-mach à oifis. Ma chuirear a-mach à oifis iad, tha e mar fhaichaibh air comataidh ùr sam bith sa chiad àite, toraidhean rannsachadh a' Choimisein a bhuileachadh agus gach nì co-cheangailte ris an adhbhar a chuireadh à oifis iad a chur ceart, mura h-eil sin dèante mar-thà.
-------------------	-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

6 ÙR-FHIOSRACHADH BHUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL

Buidheann Leigeil

Thug an Coimiseanair Caimbeul fiosrachadh às ùr seachad mun ath-sgrùdadh air a' phròiseas leigeil a ghabh am buidheann os làimh, a bha air beachdachadh air a' chùis co-cheangailte ri uachdarain gun a bhith a' leigeil an croitean air màl. Bha am buidheann air obrachadh gu deimhinneach gus pròiseas làidir agus cothromach a leasachadh, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais air am bi tagraidhean air am meas. Tha na slatan-tomhais a' cuimseachadh air tagraidhean a' coileanadh an dleastanasan agus ag aomadh a dh'ionnsaigh luchd-inntrigidh ùr, ach far a bheil an gabhaltas airson roinn a-mhàin.

Thèid Pàipear ullachadh a-nis don choinneamh Bùird san Ògmhios, far am faod e a bhith comasach beachdachadh air na ciad leigeilean san Lùnastal.

Bha an Neach-gairm airson a thaing a chlàradh gu foirmeil dhaibhsan sa bhuidheann airson an cuid obrach.

Buidheann Roinnidh

Bha an luchd-obrach a' dèiligeadh le cùisean nach robh crìochnaichte a' leantainn air a' choinneamh Bùird mu dheireadh, agus tha iad a-nis ag obair tro bhuadhan nan atharrachaidhean a tha molta agus iarraidh iad in-chur bho Choimiseanairean mar phàirt den ath-sgrùdadh air atharrachaidhean, mus cuirear an gnìomh iad.

7 AITHISG BHO CHOIMISEANAIREAN – TACHARTASAN PLANAICHTE AGUS / NO FRITHEILTE

Fhrithheil an Neach-gairm Ceanadach grunn Tele-Co-labhairtean Bùird, Co-labhairt Lagh Croitearachd, coinneamh san Drochaid Ruaidh, tachartas Biadh is Àrainneachd Chùisean Dùthchail, buidheann chrìochan STWG air tele-co-labhairt, fòram Luchd-ùidhe Croitearachd, Comataidh Deimhinneachd Inbhe Ghearanan air tele-co-labhairt,

agus tachartas Riaghlaidh ann an Dùn Èideann. Sna seachdainean a tha a' tighinn, tha tursan air an cur air dòigh gu Col Uarach, Mangarstadh, Tiriodh agus Kilvaree.

Fhrithheil an t-Iar-Neach-gairm tele-co-labhairtean Bùird, coinneamh na comataidh Deimhinneachd Inbhe Ghearanan, an STWG air Leigeil agus planaichean air tachartas Comann an Ùir a fhrithealadh san Eilean Sgitheanach air 10 Ògmhios.

Fhrithheil Uilleam Swann teleco-labhairtean, coinneamh de Bhòrd HIE, sa chathair aig coinneamh na comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus coinneamh le clàrc ionaltraidh ann an Slèite a thaobh Urras Coimhearsnachd Shlèite mu ath-fhiadhachadh. Tha coinneamh le luchd-seilbhe fearainn a thaobh cruthachadh chroitean ùra air a phlanadh.

Fhrithheil Arnie Pirie coinneamh Bùird air Tele-co-labhairt agus gèam trabhaidh air a chur air dòigh le Comann Àiteachais Arcaibh.

Fhrithheil Marina Dennis trì Tele-co-labhairtean agus ann am meadhan a' Chèitein bidh i a' frithealadh coinneamh ann an Leòdhas.

Fhrithheil Daibhidh Caimbeul Tele-co-labhairtean, co-labhairt Lagh Croitearachd agus Coinneamhan air ailtireachd àrainneachdail eachdraidheil. Bidh e ann an Leòdhas leis a' Choimisean ann am meadhan a' Chèitein agus aig Èisteachd ann an Tiriodh.

Fhrithheil Murchadh MacIllinnein coinneamhan Tele-co-labhairt, co-labhairt an Lagh Croitearachd san Drochaid Ruaidh, mar an ath-thagraiche ann an Èisteachd Cùirt an Fhearainn a thaobh dùbhlann ciad clàraidh an Sgarp / Hùisinis agus planaichean Èisteachd a fhrithealadh ann an Tiriodh.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil JCC Comhairle nan Eilean Siar air cuireadh a thoirt don Choimisean gu coinneamh phrìobhaideach a bheachdachadh air na buadhan a tha aig na cùisean ionaltraidh làithreach air leasachadh bailteach. Chaidh aontachadh gun deigheadh seo a leantainn às dèidh nan taghaidhean pàrlamaideach, gum biodh co-dhiù dithis a' frithealadh agus gum b' e cothrom deimhinneach a bha seo gus an t-slighe a ghabh an Coimisean a mhìneachadh a thaobh Lagh Croitearachd agus comataidhean fearann ionaltraidh, seach a bhith a' dol an sàs ann an deasbad air cùisean sònraichte.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gabhail ris a' chuireadh gu coinneachadh prìobhaideach le Comhairle nan Eilean Siar.
-------------------	----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

8 AITHISG COMATAIDH SGRÙDAIDH IS IONMHAIS

(a) Ùr-fhiosrachadh bho Choimiseanair Uilleam Swann

Chuir an Coimiseanair Swann an aithne nithean a thugadh gun chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, a' tarraing aire gu aithisgean deimhinneach bho Sgrùdadh Alba. Tha planaichean obrach In-sgrùdaidh nan àite agus bidh Scott-Moncrieff a' stiùireadh ath-sgrùdaidh air rèiteachaidhean cyber-tèarainteachd agus am pròiseas làimhseachaidh ghearanan nas fhaide air adhart sa Chèitean.

(b) Dreachd Geàrr-chunntas bho 13 Giblean 2016

Chaidh aonta a chur ris an dreachd geàrr-chunntas.

(c) Clàr Cunnairt

Tharraing an Coimiseanair Swann aire gu na goireasan a bha riatanach sa phròiseas Clàraidh agus gu ath-sgrùdadh HMRC a thaobh suidheachadh VAT.

(d) Prìomh Chomharran Coileanaidh

Sholaraidh an Coimiseanair Swann co-theacs airson suidheachadh thargaidean, a' mìneachadh gum faodar iad sin ath-sgrùdadh mar thoradh air eòlas bho thuairmsean na bliadhna roimhe sin.

(e) Mion-sgrùdadh agus Aithris Ionmhasail Sgrùdadh Alba

Tha am pasgan seo an lùib pàipearan a' Bhùird, gus na Coimiseanairean a dhèanamh mothachail bho shealladh riaghlaidh. Mar thoradh air an stiùireadh, bhiodh mion-atharrachaidhean dèante air cruth nan Cunntasan Bliadhnail.

9 ÙR-FHIOSRACHADH COMATAIDH DEIMHINNEACHD INBHE GHEARANAN

(a) Ùr-fhiosrachadh bhon Chathraiche

Mhìnich an t-Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill gum b' e coinneamh na comataidh sa Ghiblean a' chiad choinneamh fo na Cumhachan Iomraidh ùra, air an aontachadh leis a' Bhòrd sa Mhàrt le cuimse a-nis air deimhinneachd inbhe agus ionnsachadh leasan bho ghearanan. Bha Coimiseanairean toilichte an t-atharrachadh seo ann an cuideam fhaicinn, agus bha iad an dòchas gun toradh e ann an seirbheis theachdaichean nas fheàrr.

(b) Dreachd Geàrr-chunntas bho 13 Giblean 2016

Chaidh togail air na Puingean Gnìomha bhon dreachd Geàrr-chunntas, agus mhìnich a' Bh-ph NicThòmais carson a bha na staitistigean ràitheil airson Q3 2015/16 air an atharrachadh.

Bheachdaich an Coimisean air Puing Gnìomha co-cheangailte ris an fheum air crìochan aontaichte a thaobh susbaint aithisgean RPID air an cur ri chèile aig àm pròiseas obair-chùisean. Bha an Coimiseanair MacIllinnein airson a chlàradh nach robh draghan sam bith aige mu shusbaint nan aithisgean bho oifis Steòrnabhaigh. Chaidh aontachadh gun toireadh an Ceannard Riaghlaidh air adhart Pàipear mun seo gun ath choinneamh Bùird.

Chaidh aontachadh cuideachd, a' leantainn air cùis Eàrradail a Tuath, gum biodh e cuideachail stiùireadh a thoirt do dh'Oifisean Sgìreil air strì eadar com-pàirt.

Chaidh an dreachd Geàrr-chunntas aontachadh.

(c) Q4 – Staitistigean ghearanan

Mhìnich an t-Iar-Neach-gairm gun robh a' mhòr-chuid de ghearanan a fhuair aig a' chiad ìre mu dheidhinn a' Chunntais aus de na sia gearanan aig Ìre 2, bha a dhà bhon aon neach agus bha a dhà eile mun aon chùis. Bha e toilichte aithris nach eil gearanan sam bith aig Ìre 2 gu ruige seo ann an Ceathramh 1 den bhliadhna aithris ùr.

(d) Pàighidhean saor-thoileach

Tha Pàipear mu dheidhinn gabhail ri pròtacal airson phàighidhean saor-thoileach, air an dèanamh fo sholaran a tha rim faotainn leis an Àrd-Oifigear mar Oifigear

Cunntachail, air a bheachdachadh 's air aontachadh leis a' chomataidh agus a-nis air beulaibh a' Bhùird, le moladh aonta a chur ris.

Mhìnich an t-Iar-Neach-gairm gun robh a' chùis air a thighinn gun chomataidh oir bha tagraidhean airson airgead dìoghaltais air a bhith nam pàirt den ghearan le cuid de na cùisean o chionn ghoirid. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gum feumadh beachdachadh sam bith air tagradh airson airgead saor-thoileach mar phàirt den phròiseas ghearanan, taisbeanadh gu soilleir gun robh cosgais a bharrachd air a tharraing leis an neach-gearain air sgàth mearachd leis a' Choimisean.

Chaidh aonta a chur ris a' Phàipear agus bhiodh am Modh Làimhseachaidh Ghearanan air ùrachadh.

Co-dhùnadh | Pròtacal air pàighidhean saor-thoileach air aontachadh.

10 ÙIDH PHOBLACH

Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gur e cuspair a bha seo a gheibheadh buannachd à soilleireachd nas fheàrr a thaobh mar a tha obair às leth a' phobaill coltach don Choimisean. Tha an Achd gu sònraichte a' toirt iomradh air 'ùidh phoblach' agus mar sin tha buntanas làidir aige ri obair a' Choimisein a' dèiligidh le teachdaichean.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich an Coimisean na builean a leanas a bhiodh a' nochdadh ann an aithris a bha ri cur air làrach-lìn a' Choimisein:

Tha Gnìomhadh às leth Ùidh a' Phobaill do Choimisean na Croitearachd, a' ciallachadh:

- Siostam croitearachd air a dheagh riaghladh
- Comharrachadh dhuilgheadasan leis an reachdas agus ag obair gus am fuasgladh
- Dèanamh cinnteach gu bheil ar pròiseasan iomchaidh, fosgarra agus cothromach
- Dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean air na pròiseasan iomchaidh a chleachdadh airson a thaisbeanadh gu bheil iad air beachdachadh air ùidh a' phobaill – m.e. plannadh
- A bhith deònach togail air agus dèiligeadh le raointean de dhroch cleachdaidh
- Le poileasaidhean agus stiùireadh soilleir a tha air am foillseachadh gu farsaing
- A bhith fosgarra agus co-chomhairleachail agus a' toirt cothrom do luchd-ùidh a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean poileasaidh
- Gnìomhadh le ionracas agus a' dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean gan gabhail agus air am faicinn gu bhith gan gabhail ann an dòigh gun choire.
- Gleidheadh dìomhaireachd luchd-dèiligidh.

Dh'aontaich an Coimisean cuideachd nach eil gnìomhadh às leth ùidh a' phobaill mar a leanas:

- Ceadachadh don phoball san fharsaingeachd com-pàirteachadh ann am pròiseas tagraidh riaghlaidh
- Ceadachadh don phoball san fharsaingeachd buaidh a thoirt tuilleadh 's a' chòir air a' Choimisean chun na h-ìre gu bheil e a' toirt buaidh air liubhairt ar n-obair
- Gabhail cho-dhùnaidhean airson buannachd no tairbhe phearsanta.

Bha an Neach-gairm airson a thaing a chlàradh don Àrd-Oifigear airson a cuid obrach an lùib na cùise seo.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gu bheil na builean gu h-àrd a' riochdachadh mìneachadh air Ùidh Phoblach don bhuidheann, agus gum bu chòir aithris a rèir sin a chur air an làrach-lìn.
-------------------	------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

11 COINNEAMHAN BÙIRD – PRÒGRAM CHOINNEAMHAN TEACHDAIL

Mhìnich Donna Nic a' Ghobhainn, leis a' chuairt leasachaidh de dh'obair a' Choimisein crìochnaichte gu ìre mhòr, gum b' e àm math a bha seo airson beachdachadh air prògram de choinneamhan Bùird airson 2016 agus an t-àm ri teachd.

An dèidh deasbaid, dh'aontaich Coimiseanairean an clàr choinneamhan làithreach airson 2016 a chumail, ach le cothrom air coinneamh na Dùbhlachd a chleachdadh mar choinneamh trèanaidh no ro-innleachd, seach coinneamh gnothachais àbhaisteach.

A thaobh 2017, chaidh aontachadh a' choinneamh gnothachais fhoirmeil mu dheireadh den Bhòrd-stiùiridh làithreach a chumail sa Ghearran, agus gum bu chòir coinneamh neo-fhoirmeil a chumail aig deireadh a' Mhàirt às dèidh nan taghaidhean croitearachd eadar na Coimiseanairean a' fàgail agus na Coimiseanairean ùra. Cha bhiodh coinneamh Bùird sa Ghiblean ach gheibheadh am Bòrd cuireadh gu Latha Inntigidh ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Chaidh aontachadh gum feumadh àm eadar-ghluasaid a bhith ann às dèidh a' Mhàirt, gus ceadachadh don Bhòrd ùr fàs cleachdte ri an dleastanas agus ri obair a' Choimisein.

Co-dhùnadh	Chuir Coimiseanairean aonta ris a' phrògram airson coinneamhan Bùird ann an 2017, ach leis an rabhadh gum faod seo atharrachadh leis a' Bhòrd ùr.
-------------------	----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

12 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEAMH

22 Ògmhios 2016 – Taigh a' Ghlinne Mhòir

13 GNOTHACH DEATAMACH SAM BITH

Nochd Coimiseanairean dragh mu dheidhinn an dàil leantainn ann am pàighidhean tuathanais agus dh'aontaicheadh gun sgrìobhadh an t-Àrd-Oifigear chun a' Mhinistear às dèidh taghaidhean na pàrlamaid.

14 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL

Thug an Neach-gairm taing do Choimiseanairean airson an cuideachaidh agus dhùineadh a' choinneamh aig 12:55f.